

Scottish Poetry Library

Bringing people and poems together

Leabharlann Bàrdachd na h-Alba

A' toirt daoine is dàintean còmhla

Co-òrdanaiche Leasachadh Seirbheis (Gàidhlig na h-Alba)

Tìotal na h-Obrach	Co-òrdanaiche Leasachadh Seirbheis (Gàidhlig na h-Alba)
Tuarastal	£22,000 FTE
Uairean	21 (Diluain gu Dihaoine, làithean rin rèiteachadh)
Saor-làithean bliadhna	22 latha (a' toirt a-steach saor-làithean poblach)
Fad a' chùmhnaidh	12 mìosan (ùine dearbhaidh – 1 mìos)
Tabhartasan	Tha an SPL a' toirt taic do Sgeama Peinnsein NEST
Àite	Leabharlann Bàrdachd na h-Alba (SPL), Dùn Èideann
Ag aithris gu	An t-Àrd-leabharlannaiche
Ceann-latha tòiseachaidh	An t-Sultain 2021

Tha Leabharlann Bàrdachd na h-Alba airson a bhith an sàs le agus a' taisbeanadh bhàrd, chleasaichean agus fhoillsichearan tàlantach bho air feadh coimhearsnachdan na h-Alba, a' gabhail a-steach luchd-labhairt agus sgrìobhadairean Gàidhlig. Is e ar n-amas na cruinneachaidhean, an t-eòlas agus an luchd-èisteachd againn a leasachadh gus iomadachd cultaran agus cànanan na h-Alba a riochdachadh nas fheàrr.

Tha sinn air dreuchd ùr ùine-stèidhichte a dhealbhadh gus ar n-obair a sgaoileadh gu coimhearsnachdan Gàidhlig, agus gus cuideachadh le ath-dhealbhadh ar seirbheisean a tha air an libhrigeadh san leabharlainn agus, barrachd is barrachd, air-loidhne tro na h-ùrlaran didseatach againn.

Tha sinn airson eòlaiche fhastadh a stiùireas libhrigeadh a' phrògram obrach seo, agus a chuidicheas sinn a' sìneadh a-mach agus a' togail chom-pàirteachasan seasmach le buidhnean den aon bheachd rinn fhìn.

Tha sinn an dòchas, às dèidh measadh air buaidh na dreuchd, gun tàlaidh sinn maoinachadh bhon taobh a-muigh gus an dreuchd a chumail nas fhaide na bliadhna pileit a' chùmhnaidh seo.

Bithear a' sùileachadh gum bi thu ag obair ionann ri trì làithean slàna, Diluain gu Dihaoine. Feumaidh an tagraiche soirbheachail a bhith ag obair anns an leabharlainn ann an Dùn Èideann airson co-dhiù 10 de na 21 uairean a thìde a tha sa chùmhnaidh gus taic a thoirt do leasachadh ar cruinneachaidh de leabhraichean, bileagan, irisean agus stuthan tasglainn. Faodar na h-uairean a tha air fhàgail obair bhon taigh.

Leis gum feumar obair le buidhnean air an taobh a-muigh san dreuchd seo, bhiodh sinn an dòchas gum biodh misneachd agus eòlas aig an neach-dreuchd gus com-pàirteachasan a thòiseachadh agus a leasachadh thar raon farsaing de roinnean, a' gabhail a-steach ealain is dualchas, gnìomhachasan cruthachail, buidhnean poblach agus an Treas Roinn.

Is e An t-Àrd-leabharlannaiche manaidsear-loidhne na dreuchd seo. Tha buidseat prògram beag ri fhaighinn gus coinneamhan agus gnìomhan taobh a-muigh a chur air dòigh nuair a cheadaicheas riaghailtean COVID-19.

Tagraidhean

Bu chòir do thagraichean leth-bhreac den Chunntas-beatha (CV) aca le litir còmhdaich a chur gu Leabharlann Bàrdachd na h-Alba/Scottish Poetry Library, 5 Crichton's Close, Canongate, Dùn Èideann, EH8 8DT. Cha bu chòir don Chunntas-beatha a bhith nas fhaide na ceithir taobhan A4 agus cha bu chòir don litir còmhdaich a bhith nas fhaide na dà thaobh A4. Ceann-latha thagraidhean: 23 Iuchar 2021.

Thèid agallamhan a chumail tron t-seachdain a' tòiseachadh 16 Lùnastal. Ma gheibh thu cuireadh gu agallamh thèid iarraidh ort gnìomh sgrìobhte a dhèanamh mus tòisich an t-agallamh.

Airson còmhraidh neo-fhoirmeil mun dreuchd, cuir fios gu Jill Nic an Tòisich, Àrd-leabharlannaiche, aig reception@spl.org.uk

Tuairisgeul Obrach

Prìomh adhbhar na h-obrach

Uallach airson goireasan Gàidhlig a dheasachadh agus a libhrigeadh, a' toirt a-steach stuthan didseatach, ann an Leabharlann Bàrdachd na h-Alba. Togail air na dòighean-obrach a th' againn an-dràsta agus leasachadh dhòighean ùra airson seirbheisean SPL a thoirt do choimhearsnachdan Gàidhlig.

Prìomh Dhleastanasan

- Toirt taic do leasachadh susbaint SPL agus ceangal ri cothroman thar ùrlaran agus sheirbheisean.
- Toirt taic do luchd-labhairt agus coimhearsnachdan Gàidhlig gus a dhol an sàs ann an gnìomhachd, an dà chuid didseatach agus gu pearsanta.
- Stèidheachadh cheanglaichean làidir le buidhnean com-pàirteachaidh agus coimhearsnachdan Gàidhlig a tha ann an-dràsta agus feadhainn ùra.
- Gabhail ris a' chleachdadh as fheàrr a thaobh briathrachas agus litreachadh Gàidhlig.
- Comharrachadh agus moladh dhòighean ùra air libhrigeadh seirbheis mar a bhios iad a' tighinn am bàrr.
- Co-roinn smuaintean tro bhith a' libhrigeadh trèanadh le sgioba SPL gus dèanamh cinnteach às a' chleachdadh as fheàrr.
- Coileanadh dleastanasan fàilteachaidh is leabharlainn mar a dh'iarraas an t-Àrd-leabharlannaiche.

Sònrachadh neach:

Buadhan	Deatamach (D); Feumail (F)	Modh Measaidh
Eòlas	<ul style="list-style-type: none">• Fileantachd ann an labhairt is sgrìobhadh na Gàidhlig (D)• Eòlas air susbaint sgrìobhte de chàileachd àrd a libhrigeadh ann an Gàidhlig agus Beurla (D)• Comas a bhith an sàs gu misneachail le raon de dhaoine eadar-dhealaichte (D)• Eòlas air dreuchd a tha a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig (F)• Eòlas air a bhith ag obair le com-pàirtichean taobh a-muigh (F)• Eòlas air bàird is bàrdachd Ghàidhlig (F)	<ul style="list-style-type: none">• Tagradh• Agallamh• Gnìomh
Feartan pearsanta	<ul style="list-style-type: none">• Air leth òrdaichte agus fèin-bhrosnachail (D)• Comasach air obair ann an sgioba beag, a' coileanadh gnìomhan gun stiùireadh (D)• Càirdeil do luchd-èisteachd eadar-mheasgte (D)• A' freagradh ri, agus ag obair gu h-èifeachdach ann am measgachadh de shuidheachaidhean, le daoine fa leth no buidhnean (F)• A' nochdadh dealas, togradh agus lùth (F)	<ul style="list-style-type: none">• Agallamh• Teistean

Conaltradh is Com-pàirteachadh	<ul style="list-style-type: none"> • Comas dàimhean obrach adhartach a bhrosnachadh (D) • Eòlas air làraich-lìn ùrachadh (D) • Eòlas air a bhith a’ leasachadh cothroman conaltraidh (F) • Eòlas air fiosrachadh didseatach agus innealan conaltraidh leithid mheadhanan sòisealta (F) • Comasach air gnìomhan pròiseict a bhrosnachadh agus luchd-cleachdaidh no com-pàirtichean ùra a thoirt a-steach (F) 	<ul style="list-style-type: none"> • Tagradh • Agallamh • Teistean
Sgilean	<ul style="list-style-type: none"> • Aire air mion-phuingean agus deagh sgilean taisbeanaidh (D) • Sgilean teicneòlas fiosrachaidh sàr-mhath (D) 	<ul style="list-style-type: none"> • Tagradh • Agallamh